

Àireamhachd agus Matamataig

Taic do luchd-ionnsachaidh le dyslexia



Dè as adhbhar don stiùireadh seo?

Tha duilgheadas aig mòran luchd-ionnsachaidh le àireamhan. Dh'fhaodadh seo a bhith co-cheangailte ri dyslexia no dyscalculia no dh'fhaodadh e a bhith air sgàth adhbharan eile leithid casg ann an ionnsachadh. Is e stiùireadh practaigeach a tha seo airson taic a thoirt don luchd-ionnsachaidh sin uile ach tha fiosrachadh sònraichte ann mu dyslexia agus na dùbhlain a tha co-cheangailte ris airson ionnsachadh ann an àireamhachd agus matamataig. Bu chòir fa-near a thoirt nach eil an aon fhuasgladh a' dol a chuideachadh a h-uile neach-ionnsachaidh agus air an adhbhar sin tha raon farsaing de mholaidhean san stiùireadh seo a dh'fhaodar a chleachdadh ann an ionnsachadh is teagasg làitheil gus àrainneachd ionnsachaidh in-ghabhalach a chruthachadh.

Dè th' ann an dyslexia?

Faodar dyslexia a mhineachadh mar sreath leantainneach de dhuilgheadasan ann a bhith ag ionnsachadh leughadh, sgrìobhadh agus/no litreachadh, a mhaireas **a dh'aindeoin cothroman ionnsachaidh iomchaidh a bhith ann**. Aig amannan bidh luchd-ionnsachaidh a' faighinn taobhan de dh'àireamhachd agus matamataig dùbhlanaich cuideachd. Gu tric chan eil na duilgheadasan seo nan comharradh air comasan cognatach neach fa leth agus dh'fhaodadh nach eil iad coltach ri coileanadh ann an raointean eile.

Tha a' bhuaidh a th' aig dyslexia mar bhacadh air ionnsachadh ag atharrachadh a rèir na h-àrainneachd ionnsachaidh is teagasg, agus bu chòir taic a thoirt dha air stèidh fa leth leis gu bheil duilgheadasan co-cheangailte ris gu tric leithid:

- pròiseas claisneachd agus/no lèirsinneach air fiosrachadh stèidhichte air cànan
- mothachadh fon-eòlach
- sgilean labhairt agus fileantachd leughaidh
- cuimhne gheàrr-ùine agus cuimhne obrachaidh
- sreathadh agus iùl
- sgilean àireimh
- comas eagrachaidh
- sgilean motair agus co-òrdanachadh

Bu chòir am pròiseas comharrachaidh airson dyslexia anns gach neach-ionnsachaidh a bhith a' gabhail a-steach pròifil neach-ionnsachaidh a tha a' nochdadh neartan, raointean duilgheadais agus a bu chòir cuideachd taic agus sgrùdadh iomchaidh a mholadh. Bu chòir a' phròifil neach-ionnsachaidh seo a bhith air ùrachadh gu cunbhalach gus atharrachaidhean sam bith a tha air tachairt a nochdadh.

Bidh pròifil dyslexia fa leth aig gach neach-ionnsachaidh agus airson cuid, faodaidh àireamhachd agus matamataig a bhith na neart, do chuid eile faodaidh e a bhith na raon duilgheadais. Tha cuid de dhùbhlain cumanta thar raointean ionnsachaidh, mar eisimpleir sgilean pròiseasaidh, cùisean cuimhne obrachaidh, sreathadh, agus sgilean eagrachaidh.

Ag aithneachadh luchd-ionnsachaidh le dyslexia

Tha an Seata-innealan gu Dèiligeadh ri Dyslexia a' toirt seachad comharran airson fianais a chruinneachadh gu taic a thoirt don phròiseas co-obrachail airson luchd-ionnsachaidh le dyslexia a chomharrachadh. Tha cuid de na duilgheadasan agus na dùbhlain sin a tha co-cheangailte gu sònraichte ri togail sgilean ann an àireamhachd agus matamataig air an toirt seachad gu h-ìosal.

Tràth-ìre	Ciad/Dàrna ìre	Treas ìre/Ceathramh ìre/Ìrean àrda
<ul style="list-style-type: none"> • Tuigsinn agus leasachadh bhannan àireamhail tùsail • Lorg agus cleachdadh cheanglaichean eadar bannan àireamhail tùsail • Ionnsachadh cànan agus modhan-obrach àireamhail tràtha m.e. cur-ris agus toirt air falbh • Ceangal àireamhan agus samhloidhean • Leasachadh mothachadh spàsail 	<ul style="list-style-type: none"> • Tuigsinn, cur an gnìomh agus leudachadh bhannan àireamhail • Dèanamh cheanglaichean eadar bannan àireamhail • Ionnsachadh agus tuigsinn fhirinnean, cànan agus modhan-obrach àireamhail • Ceangal àireamhan agus samhloidhean • Cuimhneachadh sreath goirid de dh'àireamhan • Tuigsinn bun-bheachd ùine • Tuigsinn bun-bheachd bhloighean 	<ul style="list-style-type: none"> • Leudachadh nas fhaide na bannan àireamhail tùsail gu ceanglaichean nas iom-fhillte • Ionnsachadh fhirinnean, cànan, samhloidhean agus modhan-obrach àireamhail sònraichte • Cuimhneachadh sreath àireamhan no ceumannan ann am pròiseas • Astar lughdaichte obrachadh a-mach (mar thoradh air astar pròiseasaidh) • Duilgheadas a' tuigsinn bun-bheachd ùine

Dè na ro-innleachdan a chuidicheas luchd-ionnsachaidh?

Faodaidh duilgheadasan le àireamh a bhith ceangailte gu sònraichte ri dyslexia ach dh'fhaodadh iad cuideachd a bhith mar thoradh air measgachadh de dh'fheumalachdan ionnsachaidh eile leithid dyscalculia. Nuair a thathar a' beachdachadh air luchd-ionnsachaidh aig a bheil dyslexia, tha e cudromach beachdachadh air na raointean àireamhachd anns a bheil feum aca air taic agus dè na h-atharrachaidhean a ghabhas dèanamh airson taic a thoirt dhaibh.

Tha matamataig duilich do mhòran luchd-ionnsachaidh leis gu bheil e eas-chruthach. Tha an dòigh-obrach Nitheil, Dealbhach, Eas-chruthach (NDE) a' togail air an eòlas a th' aig an neach-ionnsachaidh mar-thà le bhith a' toirt a-steach bun-bheachdan eas-chruthach ann an dòigh nitheil is so-bheantainn. Tha e a' gabhail a-steach gluasad bho stuthan nitheil gu riochdachaidhean dealbhach, gu samhloidhean agus modhan eas-chruthach. Ged a tha NDE gu tric air a shealltainn mar trì ìrean eadar-dhealaichte bho nitheil gu dealbhach agus mu dheireadh a' gluasad gu eas-chruthach, thèid tidsear sgileil air ais 's air adhart eadar gach ìre gus bun-bheachdan a dhaingneachadh. Dh'fhaodadh e a bhith feumail do chuid de luchd-ionnsachaidh na h-ìrean nitheil agus dealbhach a rannsachadh ann am barrachd doimhneachd gus cothrom a thoirt dhaibh air fìdreadh leudaichte agus tuigse nas doimhne.

Faodaidh innealan teicneòlach leithid bathar-bog teacsa-gu-cainnt a bhith cuideachail. Faodar leabhraichean matamataig a luchdachadh a-nuas bhon stòr-dàta *Books for All* no bhon làrach-lìn *Bookshare UK*. Faodaidh cùisean lèirsinneach leithid taghadh cruth-clò, beàrnann, dath cùl-raoin, agus dealachadh no meudachadh teacsa gus fòcas a chur air aon cheist aig aon àm a bhith iomchaidh ann an àireamhachd is matamataig. Faodaidh innealan didseatach leithid Immersive Reader agus MyStudyBar cuideachadh le seo.

Tha cuid de dhùbhlain shònraichte a thaobh àireamhachd agus matamataig agus tha cuid de dh'fhuasglaidhean practaigeach rim faicinn gu h-ìosal. Tha e cudromach tuigsinn nach obraich a h-uile ro-innleachd seo leis a h-uile neach-ionnsachaidh a h-uile turas. 'S e an rud as cudromaiche luchd-ionnsachaidh a chuideachadh a' comharrachadh dè tha ag obair dhaibhsan. Mar as motha a dh'fhaodar bun-bheachd a thaisbeanadh ann an dòigh nitheil no dealbhach, 's ann nas fhasa a bhios e tuigse a bhrosnachadh ann an neach-ionnsachaidh dyslexic. Bu chòir fa-near a thoirt gum bi mòran de na ro-innleachdan agus na fuasglaidhean seo air am fighe a-steach mar-thà ann an cleachdadh làithreach, agus tha iad buannachdail **don h-uile neach-ionnsachaidh** agus a' cur ri in-ghabhalachd na h-àrainneachd ionnsachaidh.

Cnap-starra/Cùis	Faodaidh e leantainn gu duilgheadasan le	Fuasgladh(aidhean) practaigeach
Cuimhne obrachaidh	<ul style="list-style-type: none"> • Ionnsachadh agus cuimhneachadh firinnean àireamhail, foirmlean, agus briathrachas cuspair sònraichte • Leantainn stiùireadh agus mìneachadh • Call àite ann an sreath de ghnìomhan • Fuasgladh dhuilgheadasan ioma-ceum 	<ul style="list-style-type: none"> • Airson obair-clas agus measaidhean (a' gabhail a-steach deuchainnean SQA) thoir seachad taic leithid ceàrnag 100, cliath iomadachaidh, cunntairean luach àite no àireamhair gus cuideachadh le pròiseasadh àireamhail agus bi soilleir le luchd-ionnsachaidh air ciamar a chleachdas iad na goireasan sin • Cruthaich leabhar-sgrìobhaidh didseatach OneNote le earrann Matamataig ann agus an uair sin cuir duilleagan ris le goireasan leithid cliath iomadachaidh, loidhnichean àireimh agus balla bhloighean • Thoir fiosrachadh seachad ann am pìosan beaga a ghabhas làimhseachadh gu furasta • Thoir aon stiùireadh labhairteach mu seach, ma ghabhas sin a dhèanamh, can an stiùireadh a-rithist ma thèid a thoirt seachad mar shreath • Cleachd dòighean-obrach lèirsinneach a chuidicheas luchd-ionnsachaidh gus dèiligeadh ri duilgheadasan, leithid modaileadh bàir • Comharraich pàirtean sònraichte de dhuilgheadasan iom-fhillte • Cuir eisimpleirean obraichte gu feum far a bheilear a' toirt air falbh sgafallachd mean air mhean • Cuir àireamhan air ceumannan no cleachd cairtean-srutha gus cuideachadh le bhith a' leantainn cheumannan ann am pròiseasan nas fhaide
Sgìlean àireimh	<ul style="list-style-type: none"> • Measgachadh àireamhach • Ionnsachadh agus cuimhneachadh firinnean àireamhail, foirmlean, agus briathrachas cuspair sònraichte • Dèanamh cheanglaichean ri ionnsachadh ro-làimh • Cuimhneachadh phròiseasan agus dòighean-obrach 	<ul style="list-style-type: none"> • Ceadaich airson barrachd ùine smaoineachaidh • Thoir seachad cairtean le àireamh, ainm àireimh agus riochdachadh dealbhach air an comharrachadh gu soilleir • Cleachd cairtean cluiche, dominoes, agus dìsnean gus pàtrain àireamhail lèirsinneach a dhaingneachadh • Cleachd taisbeanaidhean balla gus taic a chumail ri neo-eisimeileachd • Gnìomhan cuimhneachadh fiosrachaidh cunbhalach

	<ul style="list-style-type: none"> • Eòlas air càite an tòisichear nuair a bhithear a' fuasgladh cheistean 	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachd measgachadh de dhòighean-obrach leithid cairtean-puist, innealan air-loidhne agus geamannan gus firinnean àireamhail a dhaingneachadh • Cleachd mapadh-inntinn far a bheil sin iomchaidh • Thoir seachad ceanglaichean gu clàraidhean fuaim no bhidio cuideachail airson cuimhneachan agus mineachadh sgiobalta • Bi soilleir ann a bhith a' dèanamh cheanglaichean ri ionnsachadh ro-làimh agus eadar roinnean ionnsachaidh • Cleachd dòighean-obrach nitheil agus lèirsinneach airson luchd-ionnsachaidh a chuideachadh gus an tuigse a chur air dòigh • Brosnaich luchd-ionnsachaidh gus tuairmse a chleachdadh airson faighinn a-mach de cho reusanta 's a tha am fuasglaidhean • Brosnaich luchd-ionnsachaidh ri uallach a ghabhail airson dèanamh cinnteach gu bheil iad air na ceistean a chaidh fhaighneachd a fhreagairt
Sgilean motair agus co-òrdanachadh	<ul style="list-style-type: none"> • Conaltradh sgrìobhte • Pongalachd tomhais • A' tarraing dhealbhan pongail 	<ul style="list-style-type: none"> • Thoir seachad dòighean eile air freagairtean a chlàradh, leithid teampalaidhean, bùird-gheala, no pàipear ceàrnagach • Thoir seachad innealan didseatach gus freagairtean a chlàradh leithid leabhraichean-teacsa agus duilleagan-obrach eadar-ghnìomhach, leabhraichean-sgrìobhaidh didseatach, agus innealan-dealbhadh agus stuthan làimhseachail ruigsinneach • Dèan comasach freagairtean labhairteach a chleachdadh far a bheil sin iomchaidh, a' gabhail a-steach clàradh fhreagairtean labhairteach gu didseatach • Thoir seachad innealan agus ionnsramaidean atharraichte far a bheil sin iomchaidh • Dealbh gu faiceallach cleachdadh ionnsramaidean matamataigeach agus thoir ùine gus comasachd a leasachadh • Cleachd innealan didseatach far a bheil sin iomchaidh • Cleachd teampalaidhean agus innealan didseatach airson cumaidhean agus grafaichean a tharraing

<p>Sgilean labhairt agus fileantachd leughaidh</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Dì-chòdachadh agus fuasgladh duilgheadasan fhaclan • Mineachadh tuigse an luchd-ionnsachaidh fhèin 	<ul style="list-style-type: none"> • Gus taic a thoirt do leughadh, cleachd goireasan ionnsachaidh didseatach gus feum a dhèanamh de dh'innealan teacsa-gu-cainnt agus gus cruth-clò, beàrnan loidhne, dathan agus fòcas loidhne atharrachadh. • Leugh duilgheadasan fhaclan a-mach gu h-àrd agus can a-rithist iad ma tha sin riatanach • Thoir seachad beag-fhaclair de bhriathran le, is dòcha, ceanglaichean gu mìneachaidhean air-loidhne • Brosnaich luchd-ionnsachaidh gu bhith a' cleachdadh stuthan nitheil agus dòighean-obrach lèirsinneach gus brìgh a thoirt do chànan matamataigeach
<p>Pròiseasadh claisneachd agus/no lèirsinneach air fiosrachadh stèidhichte air cànan</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Tuigsinn mhìneachaidhean • Tuigsinn ghrafaichean, chairtean agus chlàran • Tuigsinn comharradh matamataigeach 	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachd stuthan nitheil agus dòighean lèirsinneach gus brìgh a chur ri mìneachaidhean labhairteach • Comharraich pàirtean sònraichte de dhuilgheadasan toinnte no nochd na duilgheadasan ann an ìrean • Cleachd cànan matamataigeach cunbhalach gu tric, gu faiceallach, agus gu pongail • Ceadaichùine airson smaoinachadh • Cleachd co-theacsan fìor-bheatha a tha practaigeach agus brìoghmhor • Cuir còd datha air na prìomh fheartan air grafaichean agus cairtean • Teagaisg gu soilleir agus gu faiceallach brìgh comharradh matamataigeach agus thoir cothroman cleachdaidh seachad airson eòlas a dhaingneachadh agus an comharradh a chur an gnìomh ann an diofar cho-theacsan • Teagaisg na faclan matamataigeach airson samhlaidhean agus thoir iomradh lèirsinneach seachad air an son
<p>Comas eagrachaidh</p>	<ul style="list-style-type: none"> • Cuimhneachadh air uidheamachd airson leasan • Gabhail notaichean • Dèanamh obair-dhachaigh agus ionnsachadh gu neo-eisimeileach • Leantainn mhodhan-obrach nas toinnte • 	<ul style="list-style-type: none"> • Dèan uidheamachd ruigsinneach airson leasan mar a bhios iomchaidh • Thoir seachad notaichean (dealanach) do luchd-ionnsachaidh gus nach bi feum air sgrìobhadh sìos bhon bhòrd agus gus cleachdadh innealan ruigsinneach didseatach a dhèanamh comasach • Aithnich gur dòcha gum b' fheàrr le cuid de luchd-ionnsachaidh na notaichean aca fhèin a ghabhail • Bi soilleir mu na thathas a' sùileachadh a thaobh obair-dhachaigh, dèan cinnteach à tuigse, agus cuimhnich gum faodadh obair-dhachaigh a thoirt nas fhaide, mar sin stèidhich crìoch-ùine • Cleachd àrainneachd clas didseatach gus goireasan agus gnìomhan a bhith agad ann an aon àite

		<ul style="list-style-type: none"> • Cuir àireamhan air ceumannan no cleachd cairtean-srutha gus cuideachadh le bhith a' leantainn cheumannan ann am pròiseasan nas fhaide • Nuair a bhios tu a' cleachdadh eisimpleirean obraichte, thoir ùine gu leòr airson smaoinichadh
Sreathadh agus iùl	<ul style="list-style-type: none"> • Cunntadh agus cunntadh leum-thairis • Pàtranan àireamhan • Mothachadh spàsail • Iùl 	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachd gluasad corporra m.e. air slighe àireamh mhòr, gus cuideachadh le gluasad tro shreath àireamhan • Cleachd cumaidhean fiosaigeach agus taiceil nuair a bhios tu a' comharrachadh fheartan ri taobh nan riochdachaidhean lèirsinneach aca • Cleachd innealan agus teamplaidean didseatach airson cumaidhean a tharraing • Cleachd dòighean-obrach lèirsinneach is fiosaigeach airson cànan iùil a mhineachadh agus a mhodaileadh

Cànan

Tha rannsachadh a' sealltainn gur dòcha gur e cànan matamataig a tha as coireach airson duilgheadasan le cùisean àireamhachd agus matamataig aig cuid de luchd-ionnsachaidh. Tha e deatamach mòran chothroman airson teagasg, ionnsachadh agus cleachdadh briathrachas matamataigeach a thoirt seachad airson tuigse. A rèir an Education Endowment Foundation, *“Tha dòighean-obrach a tha ag amas gu sònraichte air briathrachas labhairteach a leasachadh ag obair as fheàrr nuair a tha iad co-cheangailte ri susbaint làithreach a thathar ag ionnsachadh san sgoil agus nuair a bhios iad a' cleachdadh briathrachas ùr gu gnìomhach.”* Nuair a thathar a' dèiligeadh ri duilgheadasan matamataigeach, dh'fhaodadh dìth briathrachais, matamataigeach no eile, leantainn gu luchd-ionnsachaidh a bhith mì-chinnteach dè thathar ag iarraidh orra a dhèanamh. Faodaidh seo a bhith nas miosa ma tha cuid de dh'oileanaich hyperlexic, sin, nuair a bhios iad a' leughadh gu meacanaigeach ach gun tuigse fhaighinn às na leughas iad.

Tha mòran fhaclan a thathar a' cleachdadh ann am matamataig nan teirmean a tha sònraichte don raon cuspair nach fhaighear ach ainneamh taobh a-muigh an leasain, mar eisimpleir, iomad, factar, prìomh, traipseam, seòrsaiche. Tha e cudromach na faclan seo a thoirt a-steach a dh'aona-ghnothach an toiseach, a' mìneachadh am brìgh gu soilleir, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil iad sin air am modaileadh agus air an cleachdadh ann an co-theacsan iomchaidh. Bhiodh beag-fhaclair didseatach a tha co-chòrdail ri innealan teacsa-gu-cainnt no mìneachaidhean claisneachd na chuideachadh.

Tha brìgh eadar-dhealaichte aig cuid de dh'fhaclan a thathar a' cleachdadh ann am matamataig nuair a thathar gan cleachdadh ann an co-theacs làitheil Beurla, mar eisimpleir, taobh, thoir air falbh, maids, còrr, clàr, buidhnean de, suim agus toradh. Tha e cudromach gun dèan clann sgrùdadh air a h-uile ciall as aithne dhaibh airson nam faclan seo an toiseach, agus an uair sin gun cuimsich iad air na mìneachaidhean matamataigeach gus tuigsinn mar a tha na teirmean air an cleachdadh ann an co-theacs matamataigeach. Faodaidh cleachdadh briathrachas matamataigeach sònraichte, leithid 'air iomadachadh le' còmhla ri mìneachadh (far a bheil sin riatanach) cuideachadh gus troimh-a-chèile a sheachnadh, agus bu chòir sùil a thoirt air na teirmean sin bho àm gu àm gus cuimhneachadh agus tuigse adhartachadh. Nuair a thathar a' toirt a-steach briathrachas ùr, cleachd co-theacs iomchaidh, mar eisimpleir, le nithean fìor-bheatha iomchaidh,

uidheam matamataigeach, dealbhan agus/no diagraman, mìnich am brìgh gu faiceallach agus can iad gu cunbhalach. Tha e feumail a h-uile cothrom a ghabhail gus aire a tharraing air faclan no samhlaidhean air nach eil sgoilearan eòlach leis a' chlas air fad, ann am buidheann, no nuair a thathar a' bruidhinn ri luchd-ionnsachaidh fa leth, agus an cleachdadh a bhrosnachadh ann an co-theacsa ann an seiseanan labhairteach, gu sònraichte tro cheasnachadh. Tha e cudromach cuideachd am fiosrachadh seo a cho-roinn le pàrantan agus luchd-cùraim gus an urrainn dhaibh taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh le bhith a' cleachdadh a' chànan seo gu ceart agus gu cunbhalach.

Molaidhean air gnìomhan coitcheann gus bunait a leasachadh ann an cànan matamataigeach

Gnìomhan beairteach, fosgailte	<ul style="list-style-type: none"> • Brosnaich rannsachadh agus deasbad tro ghnìomhan inntinneach • Cuidich le bhith a' leasachadh smaoineachadh matamataigeach agus sgilean reusanachaidh • Saibhrich agus leasaich eòlasan matamataigeach
Brosnaich cruthachalachd	<ul style="list-style-type: none"> • Thoir seachad cothroman gus luchd-ionnsachaidh a chuideachadh a' smaoineachadh agus a' co-roinn bheachdan • Brosnaich rannsachadh, feòrachas, agus luchd-ionnsachaidh rannsachail • Brosnaich luchd-ionnsachaidh gus na beachdan aca fhèin a dhèanamh agus a chur fo dheuchainn • Cuir a-steach eileamaidean de phearsanachadh agus roghainn
Adhartachadh cànan tro àireamhachd ann an co-theacsa	<ul style="list-style-type: none"> • Bothagan – a sgrùdadh barrachd, nas lugha, falamh, làn, dùbailte, leth, liotairean, ... • Sònaichean togail – a' sgrùdadh nas àirde, nas giorra, nas àirde, nas ìsle, ... • Planadh thursan – a' lorg amannan ruighinn is fàgail, a' taghadh na roghainn as fheàrr, a' dealbhadh chosgaisean, a' toirt stiùireadh • Tomhas ann an co-theacsa – còcaireachd, dealbhadh, togail, deuchainnean • Cruinneachadh, taisbeanadh, agus eadar-mhìneachadh dàta – rannsachadh na h-àrainneachd ionadail, tuigsinn sgeulachdan sna naidheachdan
Gnìomhan corporra	<ul style="list-style-type: none"> • Ag ionnsachadh tro ghluasad gus taic a thoirt do chànan suidheachail leithid gu h-àrd, ri taobh, gu h-ìosal, clì, deas, agus àireamhan òrdail • Èisteachd ri agus leantainn stiùireadh
Sgeulachdan agus Rannan	<ul style="list-style-type: none"> • Cleachdadh sgeulachdan gus ciall a dhèanamh às an t-saoghal • Cur taic ris an ionnsachadh a tha co-cheangailte ri àireamhachd agus bun-bheachdan matamataigeach ann an dòigh spòrsail air a bheil sgoilearan eòlach
Companaich Còmhradh	<ul style="list-style-type: none"> • Thoir cothroman do luchd-ionnsachaidh a dhol an sàs ann an còmhradh matamataigeach ri companach • Thoir seachad banca fhaclan gus taic a thoirt do chòmhradh • Coimhead agus ceasnaich airson tuilleadh mìneachaidh agus reusanachaidh

Càite am faighear barrachd fiosrachaidh agus beachdan?

[Search for "Gaelic" - Dyslexia Scotland](#)

[Supporting children with effective strategies in Gaelic Medium Education | Learning resources | National Improvement Hub](#)

[Stòrlann - Feumalachdan Taic / Additional Support Needs \(storlann.co.uk\)](#)